



Scottish Natural Heritage
Dualchas Nàdair na h-Alba

nature.scot

A' CEANGAL DHAOINE IS NÀDAR

Plana Corporra –
2018 agus air adhart

Ro-ràdh

Bidh prìomhachasan agus gnìomhan SNH a' cumail taic ris an amas aig Riaghaltas na h-Alba 'airson riaghaltas agus seirbheisean poblach a stèidheachadh air cruthachadh dùthcha nas soirbheachaile, agus cothroman ann anns an tèid Alba air fad am feabhas, tro leasachadh eaconamach seasmhach a bharrachd'.

Tha ceangal eadar daoine is nàdar riatanach airson freagairt ri dùbhlanan an linn seo agus airson cur ri soirbheachas. Feumar staid nàdair agus na dùbhlanan an cois atharrachadh side a làimhseachadh còmhla ri chèile. 'S e seo an t-slighe as cinntiche airson calpa nàdarra na h-Alba a thoirt am meud mar bhun-stèidh airson fàs eaconamach seasmhach agus airson lèirsinn Ro-innleachd Bith-iomadachd na h-Alba a choileanadh: ' 'S e a' bhliadhna 2030 a th' ann – tha Alba aithnichte mar phrìomh dùthaich glèidhteachais bith-iomadachd. Tha a h-uile duine an sàs ann; tha a h-uile duine a' faighinn buannachd às. Tha an dùthaich nas beartiche.'

Tha ùine a' Phlana Chorporra seo a' toirt a-steach an ama a bhios an Rìoghachd Aonaichte a' fàgail an Aonaidh Eòrpaich. Feumaidh sinn a bhith sùbailte. Feumaidh sinn taic a chumail ri Riaghaltas na h-Alba cuide ri buidhnean poblach eile airson meòrachadh air a' bhuaidh air obair co-cheangailte ri Brexit aig SNH.

Feumaidh sinn ar cuid prìomhachasan atharrachadh a rèir nan dùbhlanan is nan cothroman is sinn fhathast a' coileanadh nan dleastanasan reachdail againn.

Tha mi fhin a' creidsinn gur e seo am Plana ceart airson an linn chaochlaidich seo. B' e an t-àm a chaidh seachad a chruthaich sinne mar bhuidheann dualchais, ach tha sinn an seo airson cur ri cruthachadh an ama ri teachd.



Mike Cantlay, OBE, Cathraiche

Ulaidh nàdarra na h-Alba agus SNH

Tha nàdar na h-Alba – eadar pàircean is gàrraidhean nam bailtean mòra agus na beanntan, eileanan, cladaichean is cuantan – àraid agus àibheiseach. 'S e buannachd nàiseanta a th' ann a tha dlùth-cheangailte ri fèin-aithne agus moit nàiseanta. 'S e sin cuid mhòr de na tha a' fàgail Alba na h-àite sònraichte.

Tha buannachd riatanach cho-fharpaiseach an cois nàdar beairteach na h-Alba. Tha e fìchte anns a' chliù eadar-nàiseanta againn agus a' cur taic ri fàs eaconamach seasmhach.

Tha nàdar deatamach an lùib leasachadh na h-Alba – a' leigeil le barrachd dhaoine, a dh'aindeoin cò iad, an cuid slàinte a thoirt am feabhas agus a' leigeil leis na companaidhean againn soirbheachadh gu seasmhach.

Tha seasmhachd na h-ulaidh nàiseanta seo cudromach dhuinn uile. Feumaidh sinn obrachadh còmhla ri chèile airson dèanamh cinnteach gur e ulaidh aig ìre eadar-nàiseanta a bhios ann san àm ri teachd. Cha tèid cor muinntir na h-Alba am feabhas mura tèid nàdar am feabhas maille ris.

Tha ùidh aig daoine ann an nàdar agus staid nan àrainnean anns a bheil iad a' fuireach, ag obair agus a' cluich. Agus tha iad ag iarraidh a bhith an sàs sna co-dhùnidhean a bheir buaidh air sin.

Bidh sinn a' cur ar cuid rannsachaidh is eòlais gu feum a thaobh ciamar a tha nàdar ag obair airson buannachdan a thoirt do dhaoine agus do nàdar fhèin. Tha muinntir is nàdar na h-Alba airidh air buidheann àrainneachail aig sàr-ìre eadar-nàiseanta.

Air sàillibh 's gum bi barrachd dhaoine ag obrachadh còmhla air sgàth nàdar àibheiseach na h-Alba, thèid againn air dùthaich nas uaine, nas fhallaine agus nas beartiche a chruthachadh dhuinn uile.

Tha am Plana Corporra seo a' cur ar cuid phrìomhachasan bho 2018 air adhart an cèill agus na bu mhiann leinn coileanadh do muinntir is nàdar na Alba san fhad-ùine. Tha na geallaidhean mionaideach againn rim faicinn ann am planaichean gnìomhachais bliadhnaile agus rim faotainn air an làraich-lìn (www.nature.scot/about-snh/our-work/how-we-plan-our-work).

Ar lèirsinn

Ro 2030, tha Alba aithnichte mar phrìomh dùthaich sa chruinne a tha a' glèidheadh is a' neartachadh nàdair. Tha a h-uile duine an sàs; tha a h-uile duine a' faighinn buannachd às. Tha Alba nas uaine, nas fhallaine agus nas beartiche.

"Agus mu dheireadh thall, tha an dùthaich as àlainne san t-saoghal air a foillseachadh: Alba. Cò theireadh nach eil na tràighean fiadhaich, na lochan domhainn agus na caistealan creagach seo am measg nan seallaidhean as mìorbhailiche agus as brèagha san t-saoghal?"

(Rough Guide, An t-Sultain 2017)

"Tha glèidheadh is neartachadh an stòrais bhèairtich seo, anns a bheil èadhar, talamh, uisge, ola is bith-iomadachd agus goireasan nàdarra, riatanach do dh'eaconamaidh a tha fallain is seasmhach."

(Ro-innleachd Eaconamach na h-Alba, Riaghaltas na h-Alba, 2015)



Nàdar ri brosnachadh ann an Tèarmann Nàiseanta Choille nan Tròisichean, a tha air aon de na tèarmainn nàdair as motha ann am Breatainn agus far a bheil coille ùr, 40 mìle mu thuath air baile mòr Ghlaschu.



"Tha meuran-mara, a chithear air boghachan an taoibh sìar, a' cur ri grunnn mara iom-fhillte is torrach na h-Alba." (Chris Leahey, Ionad Cladaich is Mara SNH)

Na builean is prìomhachasan gnìomha againn

Tha sinn ag iarraidh dùthcha a tha nas uaine, nas fhallaine agus nas beartiche airson muinntir na h-Alba.

Tha na builean againn stèidhichte air daoine, àiteachan, maoineachadh, nàdar agus iad a' sìor-atharrachadh nan dòighean-obrach againn:

- Tha barrachd dhaoine air feadh na h-Alba a' faighinn tlachd is buannachd à nàdar.
- Slàinte agus seasmhachd nàdar na h-Alba gan toirt am feabhas.
- Barrachd ga mhaoineachadh ann an calpa nàdarra na h-Alba is a liubhairt airson soirbheachas is slàinte a thoirt am feabhas.
- Tha sinn air na dòighean-obrach againn atharrachadh gu tur.

Tha na builean seo an eisimeil air càch a chèile, agus tha grunn phrìomhachasan a tha sinn a' sònrachadh sna duilleagan a leanas a' cur ri còrr is aon bhuile. Nì sinn ar dicheall airson neo-ionannachd a lùghdachadh, mì-chothromachd isleachadh agus cothromachd a bhrosnachadh fhad 's a tha sinn a' cur nam prìomhachasan seo air adhart.

A' tomhas ar buaidh

Bidh sinn a' breithneachadh air ar cuid soirbheachais a rèir cho math 's a tha sinn ag obair do mhuinntir is nàdar na h-Alba. Tha na comharraidhean anns na roinnean a leanas stèidhichte air far am bi buaidh aig SNH agus leigidh iad leinn sùil a chumail air adhartas agus freagairt mar as iomchaidh. Bidh staid nàdair cho math ri cùisean eaconamach is sòisealta gam fighe a-steach do na prìomhachasan againn cuideachd. Thèid adhartas air pròiseactan is obair shònraichte a sgrùdadh is aithris tron phlana gnìomhachais bhliadhnail againn.

Tha barrachd dhaoine a' faighinn tlachd is
buannachd à nàdar



Chan fheumar uidheam lùth-chleasachd airson
fàs fallain – Gym Uaine Coimhearsnachd Pholl
Beithe ann an Caladair an Iar.



Tha bun-structaran uaine math riatanach airson a dhèanamh nas fhasa do dhaoine tlachd fhaighinn às a' bhlàr a-muigh. Tha muinntir Williamson Moss Heights an seo a' dèanamh fiughair ri raointean uaine nas fheàrr, maoinichte le pròiseact Bun-structar Uaine.

Bidh nàdar aig ire mhath a' brosnachadh dhaoine a bhith nas fhallaine is bidh iad fhèin a' brosnachadh nàdair da rèir.

Tha còrr is 81% de mhuinntir na h-Alba a' fuireach ann am bailtean mòra. Chan eil an t-uabhas raointean uaine aig ire mhath faisg air mòran dhiubh, gu h-àraid na sgìrean as bochda. Nan gabhadh seo a dhèanamh faisg air na h-àiteachan seo 's math dh'fhaoidte gun lùghdaicheadh e an £94m a thathar a' cosg air sàillibh cion gluasaid chorporra. Tha nas lugha na an dàrna cuid de shluagh na h-Alba ann a bhios ri cur-seachad sa bhlàr a-muigh agus bidh nas lugha na duine anns gach fichead ri obair shaor-thoileach san àrainneachd. Feumaidh sinn inntrigheadh is cothroman a thoirt am feabhas do na daoine nach bi a' faighinn buannachd à nàdar.

Tha an fhianais eadar-nàiseanta a' sealltainn gu bheil cothroman sa bhlàr a-muigh agus an raointean uaine de dh'ire mhath agus cothroman air eacarsaich leithid cuairtean coiseachd cunbhalach riatanach airson slàinte a' mhòir-shluaigh a chruthachadh is a dhion, coimhearsnachdan nas làidire a thogail, dèiligeadh ri atharrachadh side agus beairteas a bhrosnachadh. Tha am maoineachadh againn an lùib Lion Baidhsagail is Coiseachd Nàiseanta a' cruthachadh £85m airson na h-eaconamaidh ionadail.

Tha còir aig gach duine againn tlachd is buannachd fhaighinn às an nàdar mun cuairt oirnn. 'S urrainn do phrògraman slàinte cudromachd is luach a' bhlàir a-muigh a dhaingneachadh. 'S e seo 'An t-Seirbheis Shlàinte Nàdarra' againn ann an gnìomh. Tha prògraman a leithid seo, cho math ri maoineachadh fhrith-rathaidean, lionraidhean uaine is àiteachan còmhnaidh, obrach is spòrs nas fheàrr, an eisimeil air oidhirpean nas ceangailte ann an taigheadas, còmh-dhail, foghlam, spòrs, an àrainneachd agus slàinte.

Bidh sinn a' nochdadh ceannardais a thaobh na leanas:

- Cruthachadh barrachd raointean uaine nas fheàrr do choimhearsnachdan, gu h-àraid sna sgìrean as bochda, le bhith a' co-obrachadh le coimhearsnachdan agus taghadh farsaing de chom-pàirtichean airson àiteachan nas fheàrr a dhèanamh.
- Brosnachadh barrachd dhaoine an Alba a dhol a-mach sa bhlàr a-muigh nas trice airson buannachd fhaighinn à nàdar tro spòrs, obair shaor-thoileach àrainneachail agus saidheans saoranaich.
- Co-obrachadh le comhairlean ionadail, com-pàirtichean còmhdaidh is buidhnean neo-riaghaltais airson Lion Baidhsagail is Coiseachd Nàiseanta a chruthachadh agus a bhrosnachadh airson spòrs, slàinte agus siubhal beothail.
- Leasachadh cothroman ann an raointean uaine math do choimhearsnachdan agus cothroman ionnsachaidh sa bhlàr a-muigh ann an sgìrean san 20% as bochda air feadh Alba.
- Atharrachadh àiteachan a th' ann an-dràsta nan àiteachan beothail do dhaoine is nàdar tro mhaoineachadh ann am Maoin Bun-structar Uaine agus com-pàirtichean cruth-tìre, a' toirt air adhart Lionra Uaine Meadhan na h-Alba agus a' cumail taic ri Slighe John Muir mar a' chiad trannsa poileanachaidh san t-saoghal.

A' gabhail fois – bidh cuairtean fallain a' brosnachadh dhaoine a bhith gnìomhach agus càirdeil aig a' cheart àm.

A' tomhas ar buaidh

Comharraidhean:

- Tha barrachd dhaoine a' dol leis a' bheachd “Tha barrachd dhaoine an Alba a' faighinn tlachd is buannachd à nàdar.”
- Tha barrachd a' dol a-mach sa bhlàr a-muigh, a' faireachdainn nas fhallaine, a' dèanamh obair shaor-thoileach is a' moladh nàdair mar thoradh air a bhith a-muigh.

“Tha fianais làidir ann gum bi eacarsaich uaine a' neartachadh slàinte chorporra agus cuideachd slàinte inntinn. Le bhith a' dèanamh an fheum as motha as urrainnear de dh'eacarsaich sa bhlàr a-muigh bidh sinn a' cur ris na dleastanasan sòisealta againn an lùib slàinte phoblach agus cùraim shòisealta. Tha mi a' cur fàilte air an dòigh-obrach cho-cheangailte a tha ri fhaicinn san iomairt, An t-Seirbheis Shlàinte Nàdarra ...”


(Dr Gregor Smith, Leas-àrd-oifigear na Slàinte – 2017)

“B' e mo chomhairle-sa a bha mi air a toirt seachad do dh'euslaintich [air an robh aillse] ach gun gabhadh iad fois. Tha seo air atharrachadh gu mòr air sàillibh nam b' e druga a bh' ann an eacarsaich is gann nach biodh i a' nochdadh sna naidheachdan.”

(An t-Àrd-oll. Jane Maher, Àrd-oifigear Slàinte MacMillan Cancer Support)

A rèir rannsachadh Eòrpach bidh cothroman eacarsaich an raointean uaine ag isleachadh na beàrn slàinte gu mòr eadar daoine beairteach is daoine bochda. “Tha ar cuid rannsachaidh a' dol leis a' bheachd gu bheil àrainneachdan a' toirt buaidh air neo-ionnannachd slàinte, ann an com-pàirteachas le poileasaidhean sòisealta eile no leotha fhèin.”

(An t-Àrd-oll. Rich Mitchell, ceannard sgrùdaidh, Oilthigh Ghlaschu – 2015)



Faodar cuairtean furasta a ghabhail faisg air bailtean mòra aig tèarmainn ionadail a leithid boglach Dhùn Breac ann an Cill Saidhe.

Slàinte agus seasmhachd nàdar na h-Alba gan toirt am feabhas



Tha buthaidean is eòin mhara eile a' samhlachadh nan cladaichean againn. Bhathar a' tomhas gun robh luach £3.7 billean do dh'eaconamaidh na h-Alba an lùib spòrs is turasachd mhara ann an 2015. Bha mu £2.4 billean de seo co-cheangailte ri spòrs is turasachd san fharsaingeachd, agus £1.3 billean co-cheangailte ri tachartasan nas sònraichte a leithid coimhead fiadh-bheatha, seòladh, caidheagadh, surfadh is iasgach.

Tha nàdar na h-Alba am measg an nàdair as fheàrr san t-saoghal. Tha cuid de ar fiadh-bheatha air a leigheas, a' dol an aghaidh crìonadh mòr eadar na 1950an is 2000an. Bidh buaidh mhòr aig atharrachadh sìde air cruth agus farsaingeachd nàdar na h-Alba.

Feumaidh Alba leasachaidhean mòra seasmhach na cuid nàdair is fiadh-bheatha a thoirt gu buil airson a cuid dhleasan eadar-nàiseanta a choileanadh a thaobh tilleadh eag-shiostaman millte (targaid bith-iomadachd eadar-nàiseanta). Cuiridh na leasachaidhean seo ri cruthachadh eaconamaidh carbain iosail ro 2030, isleachadh sgaoilidhean gas blàthachaidh, agus ris na h-atharrachaidhean ris am feum nàdar is daoine gabhail ri linn atharrachadh sìde.

Bidh an ceangal eadar Alba agus an Roinn Eòrpa ag atharrachadh anns an àm ri teachd, fhad 's a bhios mòran den fhrèam reachdail is poileasaidh ga thoirt bhon Roinn Eòrpa don Rìoghachd Aonaichte. Tha e riatanach gun tèid frèam a chruthachadh airson na bu mhiann leinn tachairt a thaobh cleachdadh na tìre is na mara a thoirt gu buil, dèiligeadh ri atharrachadh sìde agus neartachadh staid nàdair.



Tha iomadh buannachd an cois àrainnean air grunn na mara, a leithid raointean bilearach-mara, is iad gar dìon ri linn stoirmean is a' tasgadh carbain.

Bidh sinn a' nochdadh ceannardais a thaobh na leanas:

- Stiùireadh libhrigeadh Ro-innleachd Bith-iomadachd na h-Alba agus na Cairt-iùil gu 2020, leasachadh plana airson obair an dèidh 2020 agus leasachadh lionra eag-eòlasach nàiseanta do dh'Alba.
- Nartachadh stiùireadh na h-àrainneachd tro phrìomhachasan nas soilleire airson na tìre is na mara, agus àiteachan glèidhte.
- Obrachadh airson buannachdan leantainneach a liubhairt do dhaoine is nàdar bho chleachdadh na tìre is na mara tro dhòighean taic a bhios ann an àite phrògraman maoinichte leis an Aonadh Eòrpach.
- Nartachadh seasmhachd eag-shiostaman le bhith ag obair às leth ghnèithean fo chunnart agus na coilltean, àrainnean fìor-uisge, feurach, monaidhean, costaichean is grunnnd mara as so-leònte.
- Ath-stèidheachadh 70,000 ha a bharrachd de thalamh mònach, cruthachadh 40,000 ha de choilltean ùra agus brosnachadh tuigse air carbon gorm mar taic ri linn Plana Atharrachadh Sìde.

"Bidh ath-stèidheachadh talamh mònach agus cruthachadh choilltean ùra a' glacadh stòrasan mòra carboin cho math ri bhith a' toirt glainnead uisge am feabhas agus ag isleachadh cunnartan an lùib thuiltean – cha ghabhadh seo a dhèanamh ach le bhith a' sgaoileadh an eòlais againn air eag-shiostaman, mar a tha iad ag obair, mar a bhios iad a' fàilligeadh agus mar a dhèanar iad seasmhach ri linn atharrachadh sìde."
(Andrew McBride, Peatland ACTION)

A' tomhas ar buaidh

Comharraidhean:

- Tha barrachd dhaoine a' dol leis a' bheachd “Tha nàdar na h-Alba fallain agus seasmach.”
- Tha nàdar na h-Alba nas fhallaine agus nas seasmhaiche.

“Tha daoine òga ag aithneachadh nam buannachdan an lùib nàdar na h-Alba leithid an t-ocsaidean a tha sinn a' tarraing is am biadh a tha sinn ag ithe, pàirc àlainn airson spòrs, no tèarmann dhan teich sinn airson fois a ghabhail. Feumar beachdachadh air an eòlas againn nuair a thathar a' dèanamh cho-dhùnaidhean air nàdar na h-Alba – an dìleab againne.”

(Izzy Steeley, ReRoute, Pannal Bith-iomadachd Òigridh na h-Alba)



Bidh saor-thoilich a' cuideachadh nàdair ann an iomadh dòigh – eadar saidheans saoranaich is pròiseactan glèidhteachais ionadail agus glèidheadh phàircean. Tha obair shaor-thoileach san àrainneachd mar seo a' cur ri Alba mar àite tarraingeach agus a' lùghdachadh nan cunnartan don fhiadh-bheatha.

A wide-angle photograph of a Scottish village nestled in a valley. In the foreground, there's a lush green field. The middle ground shows a cluster of houses with red-tiled roofs and white walls, surrounded by trees. In the background, rolling green hills are dotted with several large white wind turbines under a blue sky with scattered clouds.

Barrachd ga mhaoineachadh ann an calpa
nàdarra na h-Alba is a liubhairt airson
soirbheachas is slàinte a thoirt am feabhas

Feumar dèiligeadh ri neartachadh staid
nàdair is atharrachadh side còmhla. Tha e
riatanach gun dèanar ceanglaichean eadar
daoine is nàdar aig gach ìre, eadar bogsa
uinneig agus binneanan bheanntan, a
leigeas leinn co-dhùnaidhean nas fheàrr a
dhèanamh do dhaoine is do nàdar.

Bidh talamh, cladaichean agus muir na h-Alba daonnan ag atharrachadh, an dà chuid gu nàdarra agus mar fhreagairt air mar a bhios sinn gan cleachdadh. Bidh buaidh a' chleachdaidh sin air nàdar agus air daoine uaireannan gu math toinnte. Chithear sin ann an eucoir fiadh-bheatha, a' bhuaidh air ionaltradh mhonaidhean, gluasad chladaichean, call àrainneachdan fiadh-bheatha air fearann iosal agus sgaoileadh ghnèithean cèin.

Bidh Ro-innleachd Bith-iomadachd na h-Alba, Fréam Planaidh Nàiseanta agus Ro-innleachd Cleachdadh Talmhainn le chèile a' brosnachadh chompanaidhean, choimhearsnachdan is an riaghaltais a bhith a' co-obrachadh airson dùthaich nas beartiche le nàdar nas fhallaine is nas seasmhaiche a thoirt gu buil.

'S e ceum riatanach a th' ann a bhith a' cumail taic ri companaidhean gus an tuigear na buannachdan an lùib maoinreachadh nàdair.

Tha e mar phàirt dheatamach den fhuasgladh gun dèanar cinnteach gum bi nàdar slàn fallain ri linn nan dùbhlanan a tha romhainn is sinn a' stiùireadh àrainneachdan fearainn, fìor-uisge is mara. Tha stiùireadh fearainn a tha a' toirt aire don àrainneachd agus ag obrachadh cuide ri nàdar a' daingneachadh buannachdan do mhac-an-duine, mar eisimpleir le bhith a' liubhairt stòrasan seasmhach de dh'èisg agus ùir fhallain mar bhun-stèidh àiteachais nas torraiche agus àiteachan còmhnaidh is obrach nas fheàrr. Bidh na fuasglaidhean 'nàdarra' seo a' cur ri nàdar na h-Alba aig a bheil cliù eadar-nàiseanta agus ga chumail co-fharpaiseach.

Bidh sinn a' com-pàirteachadh ri linn nan cùisean seo, a' cur fhuasglaidhean innleachdach stèidhichte air fianais gu feum a bhios freagarrach do dhaoine is do nàdar.



Buannachd don abhainn gu tèir.
Tha buannachd don abhainn gu tèir an lùib a' phròiseict Pearls in Peril, a tha a' toirt àrainnean an fheusgain-neamhnaid am feabhas.

Bidh sinn a' nochdadh ceannardais a thaobh na leanas:

- Obrachadh le com-pàirtichean airson eucoir fiadh-bheatha a lùghdachadh agus fuasglaidhean fad-ùine a chruthachadh an lùib stiùireadh fiadh-bheatha agus airson cleachdadh talmhainn seasmhach air monaidhean na h-Alba.
- Cur air adhart argamaid làidir airson taic leantainneach do thuathanaich is stiùirichean talmhainn eile a tha stèidhichte air calpa nàdarra agus a chuireas ri eaconamaidh carbon iseal.
- Cuideachadh phrìomh roinnean leithid taigheadas, còmhdhail, cumhachd, turasachd, iasgachd, agus biadh is deoch, a tha a' crochadh air cliù àrainneachail na h-Alba is sinn a' maoineachadh is a' glèidheadh ar calpa nàdarra.
- Cuideachadh le glèidheadh sgìlean dùthchail airson calpa nàdarra na h-Alba a stiùireadh gu h-àraid far a bheil nàdar cudromach ann an eaconamaidh na sgìre.
- Brosnachadh innleachdais is maoineachaidh ann an calpa nàdarra aig ìre cruth-tìre airson soirbheachas is beairteas na h-Alba a ghlèidheadh.



Slighe Canù a' Ghlinne Mhòir:
a' brosnachadh luchd spòrs a'
bhlàir a-muigh cho math ri bhith
a' liubhairt cothroman cosnadh
do mhuinntir na sgìre airson a
leasachadh.



Tha Fearann is Oighreachdan na h-Alba den bharail
“... gum bu chòir gun cuirte barrachd cuideim air
tuathanasachd agus stiùireadh fearainn is iad a’
liubhairt obair phoblach a leithid obair diona ri
linn thuiltean, solar uisge glan, neartachadh bith-
iomadachd no lùghdachadh sgaoilidhean carboin.”
(Fearann is Oighreachdan na h-Alba, 2017)

A’ tomhas ar buaidh

Comharraidhean:

- Tha barrachd dhaoine a’ dol leis a’ bheachd “Tha barrachd ga mhaoineachadh ann an calpa nàdarra na h-Alba is a liubhairt airson soirbheachas is slàinte a thoirt am feabhas.”
- Tha na slatan-tomhais a thaobh barrachd soirbheachais is slàinte co-cheangailte ri barrachd maoineachaidh ann an calpa nàdarra.

“... mar ghnìomhachas, tha sinn gu làidir airson slàinte ar luchd-obrach, ar luchd-cleachdaidh agus nan coimhearsnachd is na h-àrainneachd mun cuairt oirnn. Bidh an gealladh seo aig teismheadhan ar cuid-obrach agus bidh sinn fìor mhoiteil às.”

(Ambition 2030, Biadh is Deoch na h-Alba, 2017)

“Tha Riaghaltas na h-Alba a’ faicinn calpa nàdarra mar dòigh chudromach airson co-dhùnaidhean nas fheàrr a dhèanamh is sinn ag amas air saoghal nas fheàrr a thoirt gu buil. 'S e sin as adhbhar gu bheil calpa nàdarra stèidhichte san fhream dèanadais againn agus san ro-innleachd eaconamaich nàiseanta againn.”

(Nicola Sturgeon, Fòram na Cruinne air Calpa Nàdarra, An t-Samhain 2017)

Tha sinn air na dòighean-obrach againn atharrachadh gu tur

*"Tha sinn airson dòigh eile de
thuathanasachd a lorg a chuireas ris
na h-àrainnean seo agus a cheanglas
gnìomhachasan a leithid tuathanasachd,
coilltearachd is glèidhteachas airson an
toirt còmhla fo aon ionad beag."
(Lynn Cassells, Croit Lynbreck, Srath
Spè)*

Feumaidh sinn an dòigh-obrach againn le daoine eile agus am broinn SNH atharrachadh ma tha sinn airson ar cuid lèirsinn is amasan a choileanadh. Feumaidh sinn a bhith cruthachail, innleachdail is brosnachail. Dearbhaidh sinn na labhras sinn. Bidh sinn earbsach mar a bha a-riamh. Bidh sinn:

- A' solar fiosrachaidh mar as iomchaidh gus an tigear gu co-dhùnaidhean mu nàdar. Tha an fhianais agus eòlas an luchd-obrach riatanach don t-soirbheachas againn: tha sinn gu mòr airson eòlas ùr ionnsachadh agus an t-eòlas a th' againn a sgaoileadh.
- A' com-pàirteachadh is a' brosnachadh choimhearsnachdan airson fuasglaidhean a lorg còmhla. Tha sinn air a bhith nas soirbheachail is sinn a' co-obrachadh le roinnean agus coimhearsnachdan diofraichte airson fuasglaidhean a chruthachadh còmhla ri chèile.
- A' brosnachadh barrachd dhaoine a chur luach ann an nàdar tro theicneolas didseatach is na meadhanan sòisealta. Bheir sinn ar cuid conaltraidh, buaidh agus margaideachd den obair againn am feabhas.
- A' brosnachadh innleachdais is ag atharrachadh maoineachaidh airson nàdair. Feumaidh sinn fuasglaidhean innleachdail a chruthachadh a tha freagarrach do dhaoine is nàdar. Feumaidh sinn daoine is buidhnean eile a bhrosnachadh airson soirbheachas is leasachadh nàdar na h-Alba a mhaoineachadh.
- An lùib an atharrachaidh a chuireas sinn romhainn le bhith nas sùbailte agus a' sealltainn ar cuid ceannardais. Togaidh sinn air ar neartan le bhith nas sùbailte, a' com-pàirteachadh le daoine òga, a' leasachadh sgilean ùra, ag èisteachd barrachd agus a' freagairt nas fheàrr.



Feumaidh sinn teicneolas ùr a leithid mothachadh cèin is saidheans saoranaich a chur an sàs cho math ri sgrùdaidhean àbhaisteach airson an fhianais as fheàrr a chruinneachadh airson co-dhùnaidhean a dhèanamh do dhaoine is nàdar.

A' tomhas ar buaidh

Comharraidhean:

- Tha barrachd de na com-pàirtichean againn a' dol leis a' bheachd gum bi sinn co-obrachail, ag èisteachd riutha, dealasach agus math air freagairt
- Tha sinn a' toirt comas, faicsinneachd is buaidh ar cuid conaltraidh am meud.

Na chuireas sinn ri Builean Nàiseanta na h-Alba

Ann an Alba tha sinn "... ag aithneachadh gur e ulaidh nàiseanta a th' ann an àrainneachd bheairteach na dùthcha a tha a' cur gu mòr ris an eaconamaidh agus do ar slàinte san fharsaingeachd... Tha luach £20 billean gach bliadhna anns na pàirtean de chalpa nàdarra na h-Alba a ghabhas luachadh. Tha còrr is 60,000 dreuchd an eisimeil air."

(Am Priomh Mhinistear Nicola Sturgeon, Fòram na Cruinne air Calpa Nàdarra, 2015)

Bidh SNH a' cumail comhairle ri Riaghaltas na h-Alba agus a' cumail taic ris ri linn a chuid amasan. Tha ar cuid dhleastanasan gan cur an cèill ann an lagh agus poileasaidhean Riaghaltas na h-Alba. Tha sinn a' stiùireadh stèidheachadh Ro-innleachd Bith-iomadachd na h-Alba. Tha ar cuid obrach air a stiùireadh le laghan agus ro-innleachdan Riaghaltas na h-Alba, leithid Ro-innleachd Eaconamach na h-Alba, Còd Cleachdaidh Ro-innleachdach Riaghladairean na h-Alba, Plana Atharrachadh Side, Plana Nàiseanta na Mara, Ro-innleachd Cleachdadh Fearainn, Ro-innleachd Coilltearachd na h-Alba, Frèam Dealbhaidh Nàiseanta, Ro-innleachd Slàinte Inntinn agus Ro-innleachd Eacarsaich Chorporra na h-Alba.

Tha ar cuid obrach a' cur ris na Builean a leanas den Fhrèam Dèanadais Nàiseanta:

- Tha sinn a' cur luach ann agus a' faighinn tlachd às an àrainneachd thogte is nàdarra againn agus ga dìon is ga leasachadh airson nan ginealaichean ri teachd.
- Tha sinn a' fuireach ann an àiteachan seasmhach dealbhte gu math far a bheil na goireasan is seirbheisean a tha a dhith.
- Tha sinn beò nas fhaide is nas fhallaine.
- Tha coimhearsnachdan làidir, seasmhach is taiceil againn far a bheil daoine an urra ris na gnìomhan aca fhèin agus am buaidh air daoine eile.
- Tha sinn air obair mhòr a dhèanamh ri linn neo-chothromachd ann an Alba.
- Tha sinn a' coileanadh nan comasan eaconamach againn ri linn barrachd chothroman cosnaidh nas fheàrr.
- Tha sinn a' fuireach anns an àite as tarraingiche airson gnìomhachais anns an Roinn Eòrpa.

Cruinneag – tha meanbh-fhrìdean aig teis-meadhan na tha a' beathachadh nam buannachdan a gheibh daoine à nàdar.



www.nature.scot



Scottish Natural Heritage
Dualchas Nàdair na h-Alba

nature.scot

Gach dealbh le Lorne Gill/SNH

LAGE/ISBN 978-1-78391-542-2